


# Bingo a' cluich



Dee Reid • Kim Blundell



Seo Bingo.

'S e cuilean beag dubh agus geal a th' ann.


'S e cuilean beag tapaidh a th' ann.

Tha earball goirid geal agus cluasan  
mòra, dubha air.

Aon là bha Bingo ag iarraidh cluich.



“Am faod mi cluich  
a-staigh an seo?”  
thuirt Bingo.



“Chan fhaod,”  
thuirt Mamaidh.




“Am faod mi cluich  
a-staigh an seo?”  
thuirt Bingo.



“Chan fhaod,”  
thuirt Mamaidh.



“Am faod mi cluich  
a-staigh an seo?”  
thuirt Bingo.



“Chan fhaod! Chan fhaod!”  
thuirt Mamaidh.





“Nach cluich thu an seo?”  
thuirt Mamaidh.